

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)**.*

*The programme is broadcast at 11.50 every Friday morning, and repeated at 7.30 pm the following Monday.**

Chan fhada gus am bi “Bodach na Sìde” a’ cur briathrachas eile aige gu feum – briathrachas nach robh gu mòran feum thairis air mìosan an t-samhraidh. ‘S e sin briathrachas sìde a’ gheamhraidh. Seadh, a chàirdean. Tha am foghar ann agus chan fhada gus am bi fuachd is stoirmean a’ gheamhraidh a’ bualadh oirnn a-rithist.

’S ann tric a bhios sinn a’ bruidhinn air an aimsir ann an Alba agus chanainn gu bheil mòran fhaclan againn ann an Gàidhlig mu dheidhinn coltas na sìde. Gu h-àraidh mu dheidhinn uisge is ceò! Mar a bha i, mar a tha i agus mar a bhitheas i. Bha bana-charaid agam às Astràilia a-bhos a seo o chionn ghoirid. Bha i anns an Eilean Sgitheanach airson a’ chiad turais, agus thuirt i gu robh i air a chluinntinn, mus deach i don eilean, gu robhar a’ faighinn gach ràith dhen bhliadhna taobh a-staigh latha. Ach an dèidh dhi bhith anns an eilean airson seachdain, thuirt i rium gu robh sin fada ceàrr. “Bithear a’ faighinn gach ràith taobh a-staigh deich mionaidean!” thuirt i. Thug i sgàilean leatha don eilean ach bha e gu beag feum air sgàth na gaoithe. Cha b’fhada gus an deach a bhriseadh ann an stoirm.

Agus fhad’s a tha mi a-mach air aimsir taobh siar na Gàidhealtachd, tha mi’n dùil gun cuala sibh mar tha ro-shealladh na h-aimsir anns a’ Ghearasdan, fear de na bailtean as fhliuche ann an Alba. Uill, mura cuala, seo e. Mura faic thu Beinn Nibheis, tha an t-uisge ann; ma chì thu a’ bheinn, tha an t-uisge gu bhith ann!

Ach mus nochd faclan a’ gheamhraidh aig Bodach na Sìde, rudan mar “sneachd”, “flin” agus “clachan-meallain”, ’s fhiach sùil a thoirt air mar a bhios luchd-naidheachd Radio nan Gaidheal ag aithris na sìde. Seo na bh’air prìomh phrogram-naidheachd na maidne, ris an canar “Aithris na Maidne”, o chionn ghoirid:

Bidh a’ chuid mhòr de dh’Alba tioram le greisean grianach an còrr dhen latha. Ach bidh i sgòthach ro bheul na h-oidhche ann an cuid de sgìrean mun iar, shìos mu Earra-Ghaidheal agus gu h-àraid anns na h-Eileanan Siar agus anns an iar-thuath. Leanaidh i mar sin tron oidhche, le frasan anns an iar-thuath agus anns na h-Eileanan Siar. Ruigidh i tri-deug neo ceithir-deug Celsius tron latha an-diugh ach bidh i fuar a-nochd, a’ tuiteam gu dìreach tri neo ceithir Celsius.

A’ coimhead romhainn gu deireadh na seachdanach – blàth, tioram, grianach a-màireach, ach gum bi am fìor cheann a tuath agus an iar-thuath sgòthach le corra fhras. Agus Latha na Sàbaid, bidh i nas sgòthaiche le frasan anns a h-uile h-àite, agus bidh a’ ghaoth an àirde beagan.

Nach math an naidheachd a bh' aig Bodach na Sìde an turas sin, agus e ag innse dhuinn gum biodh a' chuid mhòr de dh'Alba tioram le greisean grianach. 'S ann ainneamh a chluinneas sinn na faclan sin anns na beagan mhìosan romhainn, gu mi-fhortanach. Mar is trice, cluinnidh sinn gum bi a' chuid mhòr de dh'Alba fliuch is fuar. Bidh sinn beò an dòchas, ge-tà, gum faigh sinn corra shealladh dhen ghrèin bho àm gu àm!

Ach bha uair ann a chuala mi aithris mu choltas na h-aimsir air rèidio, ann an Gàidhlig, a bha gu math eadar-dhealaichte bho na tha romhainn anns a' gheamhradh seo. Chaidh i rudeigin mar seo. "Bidh i blàth is tioram is grianach fad an latha an-diugh. Ruigidh i mu chòig deug ar fhichead (35) Celsius, aig a' char as blàithe, agus bidh a' ghaoth aotrom." Agus càit' an robh seo? Uill, feumaidh mi bhith onorach. Cha b'ann an Alba a bha e, ach air a' phrògram Gàidhlig ann am Melbourne ann an Astràilia!

Feuch gun cum sibh blàth anns an t-seachdainn romhainn...

* * *

Faclan na seachdaine: Bodach na Sìde: *the Weatherman*; briathrachas: *vocabulary*; foghar: *autumn*; fuachd: *cold*; stoirmean: *storms*; uisge is ceò: *rain and mist*; bana-charaid: *female friend (or relative)*; ràith: *season*; an Gearasdan: *Fort William*; Beinn Nibheis: *Ben Nevis*; flin: *sleet*; clachan-meallain: *hailstones*; sgòthach: *cloudy*; beul na h-oidhche: *dusk*; gu h-àraid (or gu h-àraidh): *particularly*; greisean grianach: *sunny spells*; ainneamh: *rare*; aotrom: *light*

Abairtean na seachdaine: Chan fhada gus am bi: *it's not long until*; nach robh gu mòran feum: *that wasn't of much use*; thairis air mìosan an t-samhraidh: *over the summer months*; a' bualadh oirnn: *hitting us*; mar a bha i, mar a tha i agus mar a bhithas i: *as it was, so it is and so it shall be*; mus deach i don eilean: *before she went to the island*; taobh a-staigh deich mionaidean: *inside ten minutes*; thug i sgàilean leatha: *she took an umbrella with her*; gu beag feum: *of little use*; cha b'fhada gus an deach a bhriseadh: *it wasn't long until it got broken*; ro-shealladh na h-aimsir: *the weather forecast*; tha an t-uisge gu bhith ann: *it is about to rain*; 's fhiach sùil a thoirt air: *it's worth looking at*; a' chuid mhòr de dh'Alba: *most of Scotland*; a' coimhead romhainn gu deireadh na seachdanach: *looking ahead (before us) to the end of the week (na seachdanach is an alternative to na seachdaine)*; corra fhras: *an occasional shower*; bidh sinn beò an dòchas: *we live in hope*; corra shealladh dhen ghrèin: *an occasional glimpse of the sun*

Puing ghràmair na seachdaine: a-bhos a seo: *over here. This is the opposite to thall, over there. It is important to understand that both thall and a-bhos indicate that the individual's or object's movement has ceased. If you want to indicate current movement towards or away, you have to use a-nall and a-null (which we'll look at in a later letter).* Seall air an duine thall a siud (*look at the man over there*); dè cho fad's a tha thu a-bhos? (*how long are you here? – said to somebody who lives elsewhere*); bha e a' fuireach thall an Canada an-uiridh (*he was living over in Canada last year*); 's fheàrr leam a bhith a-bhos an seo as t-samhradh (*I prefer to be here in the summer*). Both are contained in the common phrase thall 's a-bhos (*here and there*); Bha mi a' coimhead air a shon thall 's a-bhos 's anns a h-uile h-àite (*I was looking for him here, there and everywhere*).

Gnàths-cainnt na seachdaine: aig a' char as blàithe: *at the warmest.* “Aig a' char as ...” is the easiest and neatest way of saying “at the greatest extent” of almost anything; it is used in conjunction with the comparative form of the appropriate adjective eg bidh e trì tunna aig a' char as truime (*it will be three tons at the heaviest*); cosgaidh e coig nota deug aig a' char as àirde (*it will cost £15 at the most*); bidh e trì meatair aig a' char as fhaide (*it will be 3m at the longest*); bidh agad ri feitheamh dà uair a thìde aig a' char as miosa (*you will have to wait for 2 hours at worst*).

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig